

# Mar a dh'aithnicheas sibh taic Bhòrd na Gàidhlig

Bheir an sgrìobhainn seo geàrr-stiùireadh air mar is còir aithneachadh a thoirt don tabhartas a fhuair sibh bho sgeamaichean taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig.

## Mus tòisich sibh

- Tha e riatanach gun toir a h-uile duine a gheibh tabhartas aithneachadh poblach don tabhartas. Feumaidh sibh seo a dhèanamh tron chùmhnant air fad.
- Tòisich le planadh an aithneachaidh cho luath 's a shoirbhicheas leibh.
- Ma bhios ceistean sam bith agaibh, cuiribh post-d gu Sgioba Conaltraidh aig [fios@gaidhlig.scot](mailto:fios@gaidhlig.scot) no gu Sgioba Thabhartasan aig [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

## Aithneachadh Taic-airgid

Tha a bhith a' toirt aithneachadh poblach don tabhartas a' ciallachadh gu bheil còir ar suaicheantas a bhith follaiseach ann an àitean poblach, fhad 's a tha am pròiseact a' dol agus às dèidh dha crìochnachadh.

Bithibh cruthachail! Tha sinn airson 's gun cleachd sibh ar suaicheantas le mac-meanmna agus san dòigh a b' iomchaidh don phròiseact agaibh.

## Soidhnichean

Tha plaigean (*plaques*) is soidhnichean nan deagh dhòigh gus aithneachadh a thoirt don tabhartas san ùine-fhada.

Feumaidh sibh plaig den t-suaicheantas a shealltainn aig gach taisbeanadh a thèid a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig.

Ma tha sinn a' cur taic ri soidhnichean dà-chànanach mar phàirt de phròiseact, bu chòir a' Ghàidhlig nochdadh an toiseach, ron Bheurla, agus bu chòir an suaicheantas againn nochdadh air an t-soidhne (aig meud freagarrach nach toir cus aire air falbh bho theachdaireachd an t-soidhne).

Ma dh'fhaodte gum bi soidhnichean eile na b' iomchaidh don phròiseact leithid soidhnichean a bhios a' seasamh leotha fhèin, bratach no steigearan. Bithibh cruthachail agus cleachdaibh ar suaicheantas gus soidhnichean a chruthachadh a bhios a' freagairt air ur pròiseact.

Mar eisimpleir mar dealbh-cùil ann an taisbeanaidhean no bùithtean-obrach.

## Air-loidhne is Meadhanan Sòisealta

### Làrach-lìn

Ma tha sibh a' faighinn taic-airgid mar bhuidheann chom-pàirteach libhrigidh no airgead mu choinneamh leasachaidhean làraich-lìn, bu chòir dhuibh taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig aithneachadh mar a leanas:

- Ar suaicheantas a chleachdadh aig bonn gach duilleig air an làraich-lìn agaibh
- Ceangal a bhith air an t-suaicheantas don làraich-lìn againn ([www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot))

Aon uair 's gu bheil sibh air leasachaidhean làraich-lìn a chrìochnachadh, bu chòir gun cuir sibh fios thugainn.

Ma tha sibh air taic-airgid fhaighinn airson pròiseact a-mhàin, ma bhios fios mun phròiseact a' nochdadh air ur làraich-lìn, no air làrach-lìn co-cheangailte, bu chòir ar suaicheantas a bhith follaiseach air an làraich. Mura tèid agaibh air seo a dhèanamh, cleachdaibh na faclan "Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig" // "With support from Bòrd na Gàidhlig" an àiteigin furasta a lorg.

Eisimpleir:



### Meadhanan sòisealta

Ma tha sibh a' faighinn taic-airgid mar bhuidheann chom-pàirteach libhrigidh bu chòir dhuibh taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig aithneachadh, cho fad 's a 's urrainn, mar a leanas:

- "Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig" // "With support from Bòrd na Gàidhlig" a chur san earrainn 'Mu Ar Deidhinn'/Bio air gach lìonra nam meadhanan sòisealta
- Ar suaicheantas a chleachdadh air pròifilean is ann am postaichean

Tha sinn a’ sùileachadh gum bi a h-uile buidheann, a bhios a’ cleachdadh nam meadhanan sòisealta, ag aithneachadh ar taic-airgid anns gach post/brath mun phròiseact, cho fad ‘s a ‘s urrainn, mar a leanas:

- “Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig” // “With support from Bòrd na Gàidhlig” a chur ris an teacsa air neo “Le taic BnG” // “With support from BnG” nuair nach eil caractaran gu leòr ann
- Ar suaicheantas a chleachdadh air pròifilean, ann am postaichean is air dealbhan/grafaigean
- Tag a dhèanamh air cunntas oifigeil Bhòrd na Gàidhlig
- Brathan is sanasan air an sgrìobhadh sa Ghàidhlig no gu dà-chànanach
- Taga-hais an t-sruth-maoineachaidh a chleachdadh, m.e.:
  - #TFC – Taic Freumhan Coimhearsnachd
  - #GLAIF – Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig
  - #Colmcille

Is iad na cunntasan oifigeil againn:

Twitter - [@bordnagaidhlig](https://twitter.com/bordnagaidhlig)

Facebook - [@bordnagaidhlig](https://www.facebook.com/bordnagaidhlig)

Instagram - [@bordnagaidhlig](https://www.instagram.com/bordnagaidhlig)

Eisimpleirean:



Aplacaidean/App-aichean

Ma tha sibh a’ faighinn taic-airgid mar bhuidheann chom-pàirteach lìbhrigidh no airgead mu choinneamh leasachaidhean aplacaid, bu chòir ar suaicheantas air no na faclan “Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig” “With support from Bòrd na Gàidhlig” a bhith ri lorg gu furasta air an app .

## Stuthan foillsichte (didseatach is clò-bhuailte)

Bu chòir gun nochd ar suaicheantas gu follaiseach air stuthan foillsichte sam bith mun phròiseict (a' gabhail a-staigh bhileagan, postairean, prògraman, sanasan, sanasan air-loidhne).

Eisimpleir:



### COTHROM CÒMHRAIDH FÈIS ORGANISERS MEET UP

Sैसेan air-loidhne còmhla ri Ceannard Fèisean nan Gàidheal, Art MacCarmag, mu riaghladh, le cothrom a bhith a' bruidhinn air cuspairean Fèise eile.  
Online session with Fèisean nan Gàidheal Chief Executive, Arthur Cormack, on governance, with time for discussion on other topics.

**DIMÀIRT 27MH GIBLEAN  
TUESDAY 27TH APRIL  
19:30**

#cleachdi @giantaigh



AN COMUNN GÀIDHEALACH

## CLASAICHEAN GÀIDHLIG GAELIC CLASSES - BLOCK 3

CLASAICHEAN ÙR A' TOISEACHADH AIR 10 CÈTEAN

NEW BLOCK COMMENCES 10 MAY

TADHLAIBH AIR LÀRACH-LÌN A' CHOMUINN AIRSON CLÀRADH

REGISTER AT:  
<https://enter.ancomunn.co.uk/classes>



Le taic bho Supported by  Caledonian MacBrayne  Bòrd na Gàidhlig  Scottish Government Rìghdhalas na h-Alba gov.scot  The Highland Council Comhairle na Gàidhealtachd

Ann an co-bhann le In association with  The Highland Council Comhairle na Gàidhealtachd

 FÈIS ROIS  Bòrd na Gàidhlig

## Cèilidh na Comhairle

The Highland Council Cèilidh

16.10.20 | 21:00

VIRTUAL  M T D AIR-LOIDHNE

## Leabhraichean

Ma tha cruthachadh leabhair/leabhraichean air a mhaoinachadh leinn, no ma tha leabhar/leabhraichean air fhoillseachadh le ar taic, bu chòir seo aithneachadh taobh a-staigh na duilleig-aghaidh le bhith a' cleachdadh ar suaicheantais. Mura tèid agaibh ar suaicheantas a chleachdadh, feumaidh sibh fios sgrìobhte a chur gu [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot) a' sireadh cead mus tèid an leabhar a chur ann an clò.

Cuiribh lethbhreac thugainn (ann an clò no gu h-eileagtronaigeach) nuair a tha e air fhoillseachadh.

## Aithisgean Rannsachaidh

Bu chòir taic-airgid a' Bhùird a tha air a chleachdadh airson rannsachadh aithneachadh air a' chiad duilleig den aithisg fhoillsichte agus ann am foillseachaidhean no sanasan sam bith eile ri linn an rannsachaidh, le suaicheantas a' Bhùird air a chleachdadh air an duilleig-aghaidh.

## Aithisg bhliadhnail

Ma tha sibh a' faighinn taic bhuainn mar bhuidheann chom-pàirteach, feumaidh sibh aithneachadh gun d' fhuair sibh taic bhuainn anns an aithisg bhliadhnail agaibh.

## Na Meadhanan is Brathan Naidheachd

Tha pàipearan-naidheachd, rèidio, telebhisean is dòighean conaltraidh air-loidhne nam pàirt dheamach de bhith a' cur air adhart ur pròiseact agus aithneachadh a thoirt do thaic-airgead Bhòrd na Gàidhlig. Chan e a-mhàin gum bi e ag innse do dhaoine na tha sibh ris, leis gu bheil Bòrd na Gàidhlig air a mhaoineachadh gu tur le airgead poblach, 's e dòigh fìor mhath a th' ann a bhith a' sealltainn don phoball mar thèid an t-airgead aca a chosg.

Tha còir an tabhartas aithneachadh anns gach pìos naidheachd rè teirm a' chùmhnaidh, chan e mhàin aig àm a' bhogaidh no nuair a thèid a chrìochnachadh.

Feumaidh sibh ar suaicheantas a chleachdadh nur brathan naidheachd is cuideachd aithneachadh a chur taobh a-staigh an teacsa. Feumaidh fios a' nochdadh le iomradh air an sgeama-maoineachaidh agus an t-suim a chaidh a thabhann dhuibh.

Bu chòir dhuibh innse dhuinn co-dhiù seachdain ro làimh gum bi am brath naidheachd a' dol a-mach, agus cothrom a thabhann dhuinn aithris a thoirt seachad a thèid ann. Faodaidh sibh seo a chur gu [fios@gaidhlig.scot](mailto:fios@gaidhlig.scot).

Nì sinn nas urrainn dhuinn gus taic a chumail ribh le bhith ga sgrìobhadh agus ga sgaoileadh, ma bhios sin a dhìth oirbh.

## Sanasachd

Cleachdaibh ar suaicheantas gach turas a bhios sibh a' sanasachadh ur pròiseact no cothrom obrach air a mhaoineachadh leinn.

## Dreuchdan

Tha sinn an-còmhnaidh toilichte taic a chur ri daoine ann an dreuchdan a tha a' cur na Gàidhlig air adhart. Ma tha sibh a' faighinn taic-airgid mu choinneamh cosgaisean dreuchd a bhith ann, bu chòir dhuibh taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig aithneachadh mar a leanas:

- Ag aithneachadh taic-airgid a' Bhùird ann an sanas-obrach agus tuairisgeul-obrach na dreuchd, agus a' cleachdadh suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig ann an dealbhan sam bith co-cheangailte ris an t-sanasachd seo.



- Ag aithneachadh taic-airgid a’ Bhòird anns an eàrr-sgrìobhadh puist-d an neach anns an dreuchd, còmhla ri suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig agus teachdaireachd: “Tha an dreuchd seo air a mhaoineachadh ann am pàirt le Bòrd na Gàidhlig”

Bhitheamaid cuideachd nur comain nam b’ urrainn dhuibh fios a thoirt dhuinn nuair a thèid neach a chur san dreuchd gus an urrainn dhuinn seo a thoirt am follais còmhla ribh.

Eisimpleir:



**feisean**  
NAN GAIDHEAL

## Oifigear Leasachaidh | Development Officer

Na h-Eileanan Siar: suas ri £27,000 | Western Isles: up to £27,000

Le taic shònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba, tha sinn ath-stèidheachadh dreuchd anns na h-Eileanan Siar airson taic a chumail ri Fèisean Ionadail agus leasachaidhean ann an cleachdadh na Gàidhlig a thoirt gu buil anns na coimhearsnachdan eileanach.

With specific support from Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government, we are re-establishing a post in the Western Isles to support local Fèisean and develop the use of Gaelic in island communities.

Tuilleadh fiosrachaidh mun dreuchd aig [feisean.org/obraichean/](https://feisean.org/obraichean/)  
Further information on the post at [feisean.org/en/jobs/](https://feisean.org/en/jobs/)

Ceann-latha airson iarrtasan: Diluain 5 Giblean aig 5f  
Closing date for submission of applications: Monday 5 April at 5pm

Logos: Scottish Government, Bòrd na Gàidhlig, ALBA - CHRISTIANAL, HIE Highlands and Islands Enterprise, The Highland Council, Comhairle na Gàidhealtachd, Argyll & Bute Council.

## Tachartasan

’S ann tro bhith ag obair còmhla air sanasachadh ar taic-airgid an dòigh as fheàrr, tha seo a’ ciallachadh gum bi sibh fhèin is Bòrd na Gàidhlig riarachadh chun na h-ìre as fheàrr le aithneachadh ar taic aig tachartas no bogadh. Tha sinn airson ’s gun cùm sibh fios thugainn mu na cothroman seo.

Feumaidh sibh aithneachadh a thoirt do thaic Bhòrd na Gàidhlig aig tachartas no bogadh agus ann an sanasachadh ro is às dèidh làimh.

Dh’fhaodadh sibh ar suaicheantas a chleachdadh mar a leanas:

- plaigean is soidhnichean
- taisbeanaidhean
- cuiridhean
- prògraman
- bileagan
- stuthan foillseachaidh eile

Nuair nach tèid ar suaicheantas a chleachdadh aig tachartasan, cleachdaibh “Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig” // “With support from Bòrd na Gàidhlig” taobh a-staigh teacsa taisbeanaidh sam bith no ann an òraidean.

Tha sinn a’ sùileachadh gum bi cuireadh ann do riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig co-dhiù mìos ro làimh is gun tèid cothrom a thabhan dhaibh òraid a dhèanamh a chuireas taic ri ur tachartas.

## Stiùireadh an Suaicheantais

Faodaidh sibh an suaicheantas a luchdadh a-nuas bho ar làrach-lìn ann an diofar chruthan. Bu chòir dhuibh an stiùireadh-bhrannnd againn a leantainn uair sam bith a bhios sibh a' cleachdadh an t-suaicheantais.

[Seo far am faigh sibh am pasgan.](#)

## A' Sgrùdadh cleachdadh an suaicheantais

Nuair bhios sinn a' sgrùdadh adhartas a' phròiseict, bidh sinn a' coimhead airson fianais gun tug sibh aithneachadh do thaic Bhòrd na Gàidhlig.

Tha an aithneachadh seo mar chumha den aonta taic-airgid, agus mura faic sinn gu bheil seo a' tachairt gu follaiseach, togaidh sinn seo leibh gus faighinn a-mach carson, is faodaidh seo buaidh a' toirt air an t-suim taic-airgid air a bheil sibh airidh fon aonta

## Ceistean?

Tha sinn an dòchas gun cuidich seo sibh le bhith a' toirt deagh aithneachadh seachad mar phàirt den pròiseact agaibh, ach ma tha ceistean agaibh, no ma tha taic a dh'ith oirbh ann a bhith a' sanasachd obair a' phròiseict agaibh, cuiribh fios thugainn:

Sgioba Conaltraidh - [fios@gaidhlig.scot](mailto:fios@gaidhlig.scot)

no

Sgioba Thabhartasan - [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)